

Ciamar a chuireas mi iarrtas a-steach?

Ma tha sibh ag iarraidh iarrtas a chur a-steach airson nan sochairean againn ann an cànan eile seach Beurla, cuiribh fòn thugainn air **0800 182 2222** agus iarraibh airson eadar-theangair.


Is urrainn dhuinn eadar-theangair a chur air dòigh ann am barrachd is 100 cànan agus bidh iadsan gur cuideachadh gus an t-iarrtas a lìonadh a-steach air an fòn.


Tha e saor 's an-asgaidh iarrtas a chur a-steach ann an cànan eile seach Beurla. Tha na foirmean-iarrtais air-loidhne agus air pàipear rim faotainn ann am Beurla a-mhàin.


Dèanaibh tadhal air mygov.scot/benefits gus iarrtas a chur a-steach air-loidhne.




Mar a chuireas sibh fios thugainn

 Cuiribh fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222

 Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000
(dhaibhsan a tha maol sa chlaisneachd)

 Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn:
contactscotland-bsl.org

 Còmhradh-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot

Faighibh taic a bharrachd gus iarrtas a chur a-steach airson shochairean

Tha an t-Seirbheis Tagrachd Neo-eisimeileach, air a tairgsinn le VoiceAbility, fosgailte do dhuine sam bith air a bheil ciorram agus a tha feumach air taic ruigsinn ann agus iarrtas a chur a-steach airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Cuiribh fios gu dìreach gu VoiceAbility an-asgaidh air **0300 303 1660** no le bhith a' tadhal air www.voiceability.org.



HAPPY TO TRANSLATE
Fònaibh 0800 182 2222

Leanaibh Tèarainteachd
Shòisealta Alba



Social Security
Scotland

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Bileag-iùil air Sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba



Urram,
cothromachd,
spèis.

Chaidh Tèarainteachd Shòisealta Alba a chur air bhonn le Riaghaltas na h-Alba gus siostam tèarainteachd shòisealta a libhrigeadh do mhuintir na h-Alba stèidhichte air na luachan urram, cothromachd agus spèis.

Tha sinn a' libhrigeadh shochairan do dhaoine le clann fo 16 bliadhna a dh'aois, daoine ciorramach, luchd-cùraim, daoine òga a tha a' tòiseachadh san àite-obrach, daoine aig a bheil feum air cuideachadh gus tòrradh a phàigheadh agus gus daoine a chuideachadh le bhith a' teasachadh nan dachaighean aca.

Tha Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan (DWP) agus ùghdarrasan ionadail a' cumail orra a' libhrigeadh cuid de shochairan.

Airson daoine aig a bheil clann fo 16 bliadhna a dh'aois

Dh'fhaodadh iadsan a tha a' faighinn Creideas Coitcheann, no creideasan cìse no sochairan eile a bhuilicheadh airidheachd, a bhith airidh air còig pàighidhean teaghlaich.

Pàigheadh Leatromachd agus Leanaibh an Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £754.65 airson a' chiad leanaibh agus £377.35 airson clann eile. Faodar iarrtas a chur a-steach bho dheireadh na 24mh seachdain de leatromachd gus an ruig an leanabh 6 mìosan a dh'aois.

Pàigheadh Tràth-ionnsachaidh Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £314.45 nuair a tha pàiste eadar 2 bhliadhna a dh'aois agus 3.5 bliadhna a dh'aois. Faodaidh daoine am pàigheadh fhaighinn fiù 's mura h-eil am pàiste a' gabhail àite ann an sgoil-àraich.

Pàigheadh Aois Sgoile Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £314.45 nuair a tha pàiste an toiseach sean gu leòr a bhith a' tòiseachadh ann an sgoil. Chan fheumar àite sgoile a ghabhail gus am pàigheadh fhaighinn.

Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr

Airgead gach ceithir seachdainean air cairt ro-phàighte, bho leatromachd gus an ruig pàiste 3 bliadhna a dh'aois, gus biadh fallain a cheannach.

Pàigheadh Pàiste na h-Alba

Pàigheadh de £106.80 gach 4 seachdainean airson gach pàiste a th' agaibh fo aois 16.

Airson daoine òga a tha a' tòiseachadh san àite-obrach

Pàigheadh Tòiseachadh Obair

£314.45 gus daoine eadar 16 is 24 bliadhna a dh'aois a chuideachadh le cosgaisean an lùib tòiseachadh ann an obair ùr. Ri fhaotainn dhaibhsan a tha air sochairan sònraichte airson 6 mìosan no barrachd fhaighinn agus a tha a' tilleadh a dh'obair an dèidh dhaibh a bhith gun chosnadh. Gheibh daoine le clann £503.10.

Airson daoine aig a bheil feum air taic airson tòrradh a phàigheadh

Pàigheadh Taic Tòrraidh

Pàigheadh aon-turais gus cuideachadh le cuid de na cosgaisean an lùib tòrradh a phàigheadh. Airson daoine a gheibh Creideas Coitcheann, creideasan cìse no sochairan eile a bhuilicheadh airidheachd.

Gus daoine a chuideachadh le bhith a' teasachadh nan dachaighean aca

Pàigheadh Teasachadh Geamhraidh do Chlann

£251.50 pàighte aon turas gach bliadhna gus cuideachadh le cosgaisean teasachaidh a bharrachd tron gheamhradh a thoirt seachad airson clann chiorramach, daoine òga agus an teaghlaichean a tha a' faighinn shochairan sònraichte eile a bhuilicheadh airidheachd.

Pàigheadh Teasachadh Geamhraidh

Pàigheadh bliadhna de £58.75 a thathar a' pàigheadh gu fèin-obrachail gus cuideachadh a thoirt do dhaoine a tha a' faighinn shochairan sònraichte agus aig am biodh feumalachdan teasachaidh a bharrachd.

Airson luchd-cùraim

Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim

Pàigheadh a bharrachd de £288.60 do dhaoine a tha a' faighinn Cuibhreann an Luchd-cùraim bhon DWP no Pàigheadh Taic an Luchd-cùraim bho Thèarainteachd Shòisealta Alba air cinn-latha shònraichte a bhuilicheadh airidheachd. Thathar a' pàigheadh seo gu fèin-obrachail gach 6 mìosan.

Tabhartas Neach-cùraim Òig

Pàigheadh de £383.75 aon turas sa bhliadhna airson daoine a tha 16, 17 no 18 bliadhna a dh'aois a tha, mu 16 uairean a thìde gach seachdain, a' gabhail cùram de chuideigin a tha a' faighinn sochair ciorram.

Airson daoine ciorramach

Pàigheadh Ciorraim Cloinne

Pàigheadh a h-uile 4 seachdainean gus cuideachadh le cosgaisean a bharrachd a thig an lùib cùram a thoirt do phàiste air a bheil ciorram, tinneas no euslaint.

Pàigheadh Ciorraim Inbheach

Taic ionmhasail airson daoine ma tha iad eadar 16 bliadhna a dh'aois agus aois peinnsean na stàite, agus aig a bheil ciorram, euslaint fhad-ùineach no tinneas-bàis.

Airson an fhiosrachaidh as ùire air na sochairan a tha sinn a' libhrigeadh, dèanaibh tadhal air mygov.scot/benefits